Modhan	Is toigh leotha a bhith còmhla ri chèile. Bruidhnidh iad ri chèile le bhith a' gluasad an cluasan agus a' dèanamh fhuaimean. Bidh aon fhear fireann còmhla ri buidheann bhoireann agus fuirichidh iad sin còmhla mar as trice fad am beatha, a' fuireach ann an aon àite. Ach ma bhios an aimsir uabhasach tioram, mar a bhios uaireannan air sgaoilteach Serengeti, thig treudan mòra dhiubh còmhla airson imrich gu àiteigin eile far am faigh iad ionaltradh agus uisge.
Gin	Bidh an searrach a' fàs am broinn a mhàthar 370 latha agus 's e aon searrach a bhios aice. Is urrainn dha coiseachd beagan uairean às dèidh a bhreith. Is e aon searrach a bhios aig sìobra ann an dà bhliadhna mar as trice. An toiseach fanaidh an searrach air leth on treud airson sàbhailteachd. Ithidh e feur an ceann beagan sheachdainean ach bidh e fhathast a' deoghal a mhàthar gus am bidh e 8 gu 13 mìosan a dh'aois. Aig aois 3 bliadhna bidh searrach na inbheach.
Fiosrachadh eile	Tha sìobrathan càirdeach dha na h-eich a tha againn an-diugh. 'S e leòmhainn na nàimhdean as motha a tha aig sìobra. Bidh leòmhainn nan laighe aig na tuill uisge gus beathaichean a bhios a' tighinn airson deoch a ghlacadh.

Twiga agus a' ghealach

Ainm: Deit:

1. Tomhais meudachd shìobra sa chlas agad. _____

2. Sgrìobh dà sheantans mu choltas shìobra. _____

3. Dè an rud a tha cho àraid mun phàtran a bhios air sìobrathan. _____

4. Dè an seòrsa àrainneachd a tha freagarrach airson sìobra? _____

5. Dè an dòigh a tha aca airson bruidhinn ri cheile? _____

6. Inns rudeigin a tha àraid mu dhòigh-beatha shìobrathan. _____

7. Dè bhios sìobrathan a' dèanamh ma thig sìde uabhasach tioram air sgaoilteach Serengeti. _____

8. Lorg leabhar anns am faic thu dealbh den Serengeti. Sgrìobh seantans ag innse cò ris a tha e coltach. _____

9. Dè an aois a bhios searrach sìobra nuair a sguireas e a dheoghal bainne a mhàthar? _____

10. Dè am beathach a tha na chunnart do na sìobrathan? _____

Heinemann Storyworlds Ìre 7

Saoghal Uair bha Siud




Saoghal Uair
bha Siud
Ìre 7

Am Piobaire Breac



Ainm: Deit:



Freagair na ceistean ann an seantansan.



1. Càite agus cuin a thachair an stòraidh? _____

2. Carson a bha na daoine anns a' bhaile a' gearan? _____

3. Saoil carson nach robh an t-àrd-bhàillidh a' cur às dha na radain? _____

4. Ciamar a bha am pìobaire a' dol a thoirt na radain air falbh? _____

5. Dè am bargan a rinn am pìobaire ris an àrd-bhàillidh? _____

6. Dè thachair nuair a ràinig iad an abhainn? _____

7. Carson a bha an fhearg air a' phìobaire nuair a thill e chun an àrd-bhàillidh?

8. Dè rinn e an uair sin? _____

9. Ciamar a bha fios aig na daoine far an deach a' chlann? _____

Am Pìobaire Breac

Sgil: A' tuigsinn an stòraidh

Ainm:


Deit:

Cuir an comharra a fhreagras ri taobh gach seantans

Ceart
✓

ceàrr
✗

mì-chinnteach
?



1. Bha na daoine ann an Hamelin toilichte gu robh radain anns na taighean.
2. Chaidh boireannach chun an àrd-bhàillidh. Thuir i gun toireadh ise air falbh na radain.
3. Thuir am pìobaire gun tigeadh na radain nuair a dh'èigheadh esan orra.
4. Thuir an t-àrd-bhàillidh gun toireadh e tòrr airgid dhan phìobaire.
5. Dh'fhalbh na radain às dèidh a' phìobaire agus leum iad dhan abhainn.
6. Bha na daoine ann an Hamelin brònach nuair a dh'fhalbh na radain.
7. Nuair a dh'iarr am pìobaire an t-airgead, thuir an t-àrd-bhàillidh, "Chan eil airgead againn dhut."
8. Chaidh an duine agus an t-àrd-bhàillidh gu banca far an robh an t-airgead.
9. Dhanns am pìobaire agus a' chlann air falbh gu na beanntan agus gu tìr sheunta.
10. Thill nighean bheag dhachaigh gu a màthair an-ath-latha agus dh'inns i dhi mar a thachair.

Am Pìobaire Breac

Sgil: A' tuigsinn an stòraidh

Ainm:


Deit:

Leugh agus cuir ris an dealbh.

1. Bàta **air** an abhainn.
2. Ad **air** a' phìobaire.
3. Radain **a' leantail** a' phìobaire.
4. Daoine **a' coimhead a-mach air** na h-uinneagan
5. Beanntan **air chùl** nan taighean.
6. Dorsan **air** na taighean.
7. Grian **anns** an adhar **os cionn** nan taighean.
8. Thoir pìob **dhan** phìobaire.



**An uair sin sgrìobh seantansan nad leabhar-sgrìobhaidh
a' cleachdadh trì dhe na h-abairtean ann an clò-dubh**



Am Pìobaire Breac

Sgil: A' leantainn stiùireadh

Ainm: Deit:

Bruidhnibh air na rudan a rinn Am Pìobaire Breac agus mar a tha sinn a' faicinn an seòrsa caractar a bha ann.

Dè an coltas a bha air?

Dè an comas a bha aige?

Dè bha e a' smaoinichadh?

Dè an seòrsa nàdar a bha aige?



An uair sin dèanaibh notaichean airson deasbad.

Cò bu choireach gun dh'fhalbh e leis a' chloinn?

Am pìobaire	An t-àrd-bhàillidh
Carson?	Carson?

Am Pìobaire Breac

Sgil: A' breithneachadh air caractaran san stòraidh

Ainm: Deit:

Sgrìobh litir gu caraid ag innse mar a thachair sa bhaile agad.

Cuir an seòladh agad an seo. Cuimhnich air do chòd-puist.

Deit _____

Cuir seòladh do charaid an seo.

_____ a charaid.

Le dùrachd,

d' ainm _____



Am Pìobaire Breac


Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
bheir			
chan fhaic			
chionn			
chuala			
ciamar			
dhaibh			
dhomh			
dhut			
feadh			
fhada			
fhèin			
lean			
mura			
shreap			
sibh			
thusa			
tuilleadh			
Facail cuspair			
a' phìob			
a' phìobaireachd			
airgead			
an fhearg			
an t-airgead			
an t-sràid			
àrd-bhàillidh			
chan fhaic			
chan fhaigh			
dhubha			
duine			
gàireachdainn			
ghoirt			
làimh			
muinntir			
na h-aibhne			
pìob			
radain			
ruadha			
sràide			
stoc			
taighean			

Saoghal Uair
bha Siud
Ìre 7

Am Prionnsa Muile-mhàg



Air ath-innse le Margaret Nash • Na dealbhan Justin Grassi

Ainm: Deit:

Freagair na ceistean ann an seantansan.

1. Dè thachair nuair a thilg a' bhana-phrionnsa am bàlla àlainn suas an dara turas?
2. Dè am facal a tha ag innse mar a bha a' bhana-phrionnsa a' faireachdainn? Smaoinich air facal eile coltach ri sin?
3. Dè am facal a tha ag innse mar a bha a' mhuile-mhàg a' faireachdainn? Smaoinich air facal eile coltach ri sin?
4. Dè rud mun mhuile-mhàig nach robh a' còrdadh ris a' bhana-phrionnsa?
5. Thachair rudeigin aig àm teatha ris nach robh dùil aig a' bhana-phrionnsa. Dè bha sin?
6. Carson a thuirte an rìgh ris a' bhana-phrionnsa gur e caraid dhi a bha anns a' mhuile-mhàig?
7. Dè dha-rìribh a bha a' mhuile-mhàg ag iarraidh?
8. 'S e an rìgh a bu chàirdeile na a' bhana-phrionnsa. Inns ciamar.




Am Prionnsa Muile-mhàg

Ainm: Deit:

Dèan coimeas eadar na trì prìomh characteran san stòraidh.

Smaoinich air buadhairean freagarrach airson gach caractar. Maids na buadhairean ri na characteran.

1	a' bhana-phrionnsa	a' mhuile-mhàg	an rìgh



Dè tha an stòraidh ag innse dhut mun bhana-phrionnsa?

Saoil carson a bha am prionnsa ann an riochd muile-mhàig?

Dè am prìomh leasan a tha thu ag ionnsachadh às an stòraidh seo?

Am Prionnsa Muile-mhàg

Sgil: A' measadh characteran às an stòraidh

Ainm: Deit:

Aithris air an leabhar.

Tìotal: _____ Ùghdar: _____

Dealbhan: _____

Prìomh characteran: _____

Thoir cunntas ghoirid air an stòraidh san òrdugh cheart:

Do bheachd

Am plot: An gabh e creidsinn? Dè an seòrsa sgeulachd a tha ann?

Caractaran: Cò a b' fheàrr a chòrd riut agus carson? _____





Cànan: Tagh facal a chòrd riut agus mìnich dè tha e a' ciallachadh.

Am Prionnsa Muile-mhàg

Sgil: A' toirt aithris air leabhar

Ainm: Deit:

Ceangail na seantansan le naisgear freagarrach.



1. Uair a bha siud bha bana-phrionnsa ann. Bha bàlla àlainn aice.

2. Thuit am bàlla dhan lòn. Thilg a' bhana-phrionnsa e dhan adhar an dara turas. _____
3. Thòisich a' bhana-phrionnsa ri rànaich. Cha robh sgeul air a' bhàlla. _____
4. Shuidh i sìos a' rànaich. An uair sin dh'èigh cuideigin rithe. _____
5. Chunnaic a' bhana-phrionnsa muile-mhàg. Choimhead i suas. _____
6. Shnàmh a' mhuile-mhàg sìos dhan lòn. Chunnaic i am bàlla an sin. _____
7. Cha robh a' bhana-phrionnsa airson cluich còmhla ris a' mhuile-mhàig. Bha i cho grànda. _____
8. Chan urrainn dhomh cluich còmhla riut an-dràsta. Feumaidh mi dhol dhachaigh gum theatha. _____
9. Thàinig a' mhuile-mhàg chun an dorais. Bha a' bhana-phrionnsa a' gabhail a teatha.


Am Prionnsa Muile-mhàg

Sgil: A' cleachdadh naisgearan ann an seantansan

Ainm: Deit:


Dè thachair an uair sin?

Dèan builgeanan-còmhradh dhen chòmhradh eadar a' bhana-phrionnsa agus am prionnsa a' sealltainn dè bha iad ag ràdh ri chèile às dèidh na thachair san stòraidh seo.



Speech bubble containing three horizontal lines for writing.

Speech bubble containing three horizontal lines for writing.



Speech bubble containing three horizontal lines for writing.

Speech bubble containing three horizontal lines for writing.



Am Prionnsa Muile-mhàg

Sgil: A' sgrìobhadh earrannan mac-meanmnach

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal


Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
ag ràdh			
aice			
carson			
ceàrr			
cluichidh			
còmhla			
cuideigin			
dh'fhàs			
faigh			
gabhail			
gheibh			
leatha			
leis			
nach leig			
rithe			
rium			
riut			
shnàmh			
shuidh			
siud			
teth			
thilg			
thoir			
thugam			
toir			
Facail cuspair			
a' bhòrd			
adhar			
àlainn			
beul			
cnap			
dorcha			
ghrian			
leabaidh			
lòn			
lùchairt			
prionnsa			
sèithear			
sròin			
sùilean			
teatha			

Saoghal Uair
bha Siud
Ìre 7

An Greasaiche agus na Sithichean



Ainm: Deit:



Freagair na ceistean ann an seantansan.

1. Carson a dhùin an greusaiche a' bhùth aige? _____

2. Saoil ciamar a bha an greusaiche agus a' bhean a' faireachdainn an latha ud?

3. Ciamar a tha fios agad nach robh dùil aig a' ghreusaiche ris an rud a chunnaic e sa bhùth an-ath-latha? _____

4. Dè an rud a thachair an latha ud a rinn an greusaiche toilichte? _____

5. Inns dà rud a rinn an greusaiche leis an rud a fhuair e an latha sin? _____

6. Saoil ciamar a bha e a' faireachdainn a' dol dhachaigh an oidhche sin? _____

7. Dè an rud iongantach a bha a' tachairt a h-uile oidhche nuair a bha an greusaiche air a dhol dhachaigh? _____

8. Dè an seantans a tha ag innse dhut nach robh fios aig a' ghreusaiche cò bha a' dèanamh sin? _____

9. Ciamar a thug iad taing airson na h-obrach sin? _____

An greusaiche agus na sìthichean

Ainm: Deit:

Sgrìobh leabhar-latha a' ghreusaiche.



Smaoinich air dè thachair gach latha.

Cuir ris dè bha iad a' dèanamh nuair a dh'fhàs cùisean na b' fheàrr dhaibh.

Latha 1

Chan eil leathar air fhàgail agam agus chan eil òr agam airson leathar a cheannach. Tha mi a' dùnadh na bùtha agus a' dol dhachaigh. Chan eil fios agam dè nì sinn a-nis?

Latha 4

Latha 2

Latha 5

Latha 3

Latha 6

A-nis tha òr agus leathar agam agus mar sin...

An greusaiche agus na sìthichean

Sgil: A' smaoinichadh air tachartasan ann an òrdugh agus a' cumail cunntas orra



Ainm: Deit:



Ceangail na seantansan còmhla le naisgear agus sgrìobh iad nad leabhar-sgrìobhaidh

1. Bha an greusaiche bochd. Cha robh òr no leathar aige. _____

2. Dhùin iad a' bhùth. Chaidh iad dhachaigh. _____

3. An-ath-latha dh'fhalbh an greusaiche gu brònach dhan bhùth. Bha e toilichte nuair a chunnaic e an rud a bha sin. _____

4. Choimhead an greusaiche ri na sàilean. Choimhead e ri na sròinean. _____

5. Thàinig seann duine a-steach dhan bhùth. Bha an greusaiche a' coimhead air na brògan. _____

6. Thug e òr dhan ghreusaiche. Thug an greusaiche dha na brògan. _____

7. An-ath-latha chaidh an greusaiche air ais dhan bhùth. Rinn e tuilleadh bhrògan. _____

8. Cha chreideadh an greusaiche a shùilean. Chunnaic e brògan air a' bhòrd. _____


9. Bha poit mhòr òir aig a' ghreusaiche. Cha robh aodach idir aig na daoine beaga. _____

10. An oidhche sin bha na sìthichean toilichte. Chunnaic iad an t-aodach air a' bhòrd. _____


An greusaiche agus na sìthichean

Ainm:

Deit:



Prìomh characteran san stòraidh.



1. Bean a' ghreusaiche.

- a) Dè tha an sgeulachd a' sealltainn dhut mu bhean a' ghreusaiche?
- b) An latha dhùin iad a' bhùth thuirt ise, "Thig rudeigin math thugainn fhathast." Dè tha sin ag innse dhuinn mu deidhinn?
- c) Sgrìobh dhà no trì sheantansan a' thoirt do bheachd fhèin oirre.....
- d) A' bheil thu ag ionnsachadh dad eile mu deidhinn às an stòraidh?

2. An greusaiche.

Dè bha e a' dèanamh:

a' smaoinichadh:

a' faireachdainn?

3. Na sìthichean.

'S e sìthichean còir a bha seo. Uaireannan bidh iad a' dèanamh rudan mì-mhodhail. Sgrìobh beagan rudan eile a bhiodh sìthichean a' dèanamh.

.....

.....

.....

An greusaiche agus na sìthichean

Sgìl: A' breithneachadh air caractan às an stòraidh

Ainm: Deit:

Cuir stràc dhearg fo gach gnìomhair san earrann.

Dhùin e a' bhùth agus chaidh e dhachaigh.

“Dè nì mi?” thuirt e ri bhean.

Chuir a bhean a làmh fo ghàirdean.

“Thig rudeigin math thugainn fhathast,” thuirt ise.

“Fuirich agus chì thu.”

An-ath-latha dh'fhalbh an greusaiche agus a bhean
gu brònach dhan bhùth.

Dh'fhosgail an greusaiche an doras agus leig e èigh às.

“Bheil thu a' faicinn an rud a tha mise a' faicinn?”

“Tha mi a' faicinn bhrògan.” thuirt ise.

Thàinig seann duine dhan bhùth.

“Tha mi ag iarraidh na brògan sin a cheannach,” thuirt e.

Thug e òr dhan ghreusaiche.

Cheannaich an greusaiche leathar
agus gheàrr e a-mach tuilleadh bhrògan.

Cuir ann am puingeachadh.

Cuimhnich air litrichean mòra, stad-phuingean, cromagan
còmhradh agus comharran-ceist.

choimhead an greusaiche ri na sàilean choimhead
e ri na sròinean tha iad math, thuirt e tha iad cho
math ri na brògan a rinn mi fhein ach cò rinn iad cò

thàinig seann duine dhan bhùth
thuirt e gun robh e ag iarraidh na brògan a
bha air a' bhòrd an gabh thu òr thuirt
e gabhaidh agus tapadh leibhse, thuirt
an greusaiche



An greusaiche agus na sìthichean

Sgil: Ag aithneachadh gnìomhairean; puingeachadh

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
air fhàgail			
a-rithist			
bochd			
cheannaich			
dhèanamh			
dhùin			
èigh			
faicinn			
faighinn			
falaichidh			
feadh			
fhathast			
fuirich			
gabh			
gabhaidh			
gheàrr			
leig			
mi fhèin			
nach fhaigh			
rudeigin			
seann			
thugainn			
Facail cuspair			
a-nochd			
aodach			
bhean			
bhoireannach			
bhrògan			
bhùth			
cheannaich			
dhaoine			
greusaiche			
leathar			
òr			
sàilean			
shùilean			
sìthichean			
sròinean			

An greusaiche agus na sìthichean

Saoghal Uair
bha Siud
Ìre 7

Cò as treasa



Air ath-innse le Jacquie Buttriss • Na dealbhan Tania Hurt-Newton

Ainm: Deit:

Sgrìobh an seantans.

sligeanach cuairt chaidh

1. Latha bha siud _____

na h-aibhne taobh ri

2. Chunnaic e Each-aibhne _____

as treasa mise Is beathach am Afraga ann an

3. Thuirt Each-aibhne, “ _____

_____.”

nan craobhan Ailbhean taobh ri

4. Chunnaic Sligeanach _____.

bòstadh air math iad tha

5. Thuirt Sligeanach, “Nach _____.”

a bhios beathaichean bòstadh a’

6. “Cha toigh leam _____.”

làidir is cho snàmh gun sìos suas abhainn an latha fad mi agus an

7. Thuirt Each-aibhne, “Tha mi _____

_____.”

slaod gun is cho às chraobh a’ làidir is mi talamh seo an

8. Thuirt Ailbhean, “Tha mi _____


_____.”

Cò as treasa

Sgil: A' cur seantans an òrdugh

Ainm: Deit:

Lìon na beàrnan agus cuir crìoch air na seantansan.



1. “Seallaidh mi dhut cho _____’s a tha mi. Nach _____ sinn Slaodadh an Ròp,” arsa Sligeanach.
2. “Cha _____ thu mise co-dhiù!” ars Each-aibhne le gàire.
“ _____ mi,” arsa Sligeanach.
3. Thug Sligeanach aon _____ dhen ròp dha Each-aibhne. Rug e _____ air ceann eile an ròp agus _____ e air falbh dhan choille.
4. Thill Ailbhean gu far an _____ Sligeanach. “Seallaidh mi _____ cho làidir ’s a tha mi,” arsa Sligeanach.
5. _____ Sligeanach ceann eile an ròp dha Ailbhean agus _____ e fhèin cho luath ’s a b’ urrainn dha.
6. Dh’fhalaich Sligeanach _____ chreig. Às an sin chitheadh e Each-aibhne aig an _____ agus Ailbhean ri _____ na craobhe.
7. “Tha mise a’ leigeil _____,” dh’èigh Each-aibhne. Tha thu nas _____ na mise.”

Cò as treasa

Sgil: A’ leughadh le tuigse; a’ lìonadh bheàrnan ann an seantansan às an teacs


Ainm: Deit:

Feartan nan caractaran.

Bruidhnbh air na caractaran san stòraidh agus dèanaibh liosta de am feartan.

Cuir feartan eile air an smaoinich thu anns a' bhogsa

Maidis na feartan ri na caractaran.



Sligeanach	Each-aibhne	Ailbhean

Tagh caractar às an stòraidh agus inns dè tha thu a' smaoinichadh mu dheidhinn.

Tha sean-fhacal ann.

“Tha mi beag ach chan eil mi bog.” Dè tha sin a' ciallachadh?

An smaoinich thu air stòraidh sam bith eile far a bheil an creutair lag, no beag a' buannachadh le bhith glic no seòlta. Dè tha thu ag ionnsachadh às an sin? Dèanaibh deasbad sa chlas.

Cò as treasa

Sgil: A' measadh caractaran ann an stòraidh; a' dèanamh coimeas ri stòraidhean eile anns a bheil an aon seòrsa cuspair; deasbad


Ainm: Deit:

Dèan plana dealbh-chluich.

Smaoinich dè thachair às dèidh dha Sligeanach an car a thoirt à Each-aibhne agus à Ailbhean.

Plana

Càit a bheil an stòraidh a' tachairt? _____



Cò na caractaran a tha san dealbh-chluich? _____

Dè tha a' tachairt agus ciamar a tha na caractaran a' faireachdainn? _____

Dè tha iad a' dèanamh? _____

Cò tha a' buannachadh aig an deireadh? _____

A-nis sgrìobh an dealbh-chluich.

Cuimhnich air loidhne ùr a chleachdadh nuair a bhios gach caractar a' bruidhinn.

Cò as treasa

Sgil: A' planadh agus a' sgrìobhadh dealbh-chluich

Ainm: Deit:


Sgrìobh aithris air an leabhar.

Tìotal: _____ Ùghdar: _____

Dealbhan _____

Prìomh charactaran _____

An stòraidh – thoir cunntas ghoirid anns an òrdugh cheart.



Do bheachd

Am plot A bheil e coltach ri rud a thachradh? A bheil e intinneach, èibhinn, brònach no eile? _____

An cànan A bheil na facail san stòraidh math agus freagarrach.

An cleachdadh tu facail eile uaireannan? _____

Na dealbhan Dè cho mòr 's a tha iad a' cur ris an stòraidh? _____

Cò as treasa

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
a' leigeil			
abair			
bhios			
bhith			
ceann			
dhut			
fodha			
fuireach			
leag			
lean			
ormsa			
seallaidh			
shlaod			
slaod			
thèid			
thill			
treasa			
Facail cuspair			
abhainn			
Afraga			
beathach			
beathaichean			
ceann			
cheann			
choille			
chreig			
craobhan			
craoibhe			
each-aibhne			
gàire			
ghrian			
làidir			
shlighe			
sligeanach			
talamh			

Cò as treasa

Heinemann Storyworlds


Ìre 7

Saoghal Guanach



Saoghal Guanach
Ìre 7

An ad sheunta



Susan Akass • Jan Nesbitt

Ainm: Deit:

Lìon na beàrnan agus freagair na ceistean ann an seantansan nad leabhar-sgrìobhaidh.

1. Carson a dh'iarr a' bhanrigh air a' Phrionnsa Ivan ad a chur air mus rachadh e a-mach? _____

2. Dè an seantans a tha ag innse nach bu toigh leis a' Prionnsa Ivan na h-adan a bha aige sa phreas. _____

3. Sgrìobh an dà bhuadhair a tha ag innse gun robh an ad anns a' bhogsa glè bhrèagha. a) _____ b) _____
4. Bha a' ghaoth a bha sèideadh cho fuar ris an t-sneachda. Smaoinich air trì rudan eile a tha uabhasach fuar.
a) _____ b) _____ c) _____
5. Carson a bha am Prionnsa a' faireachdainn neònach nuair a chuir e air an ad?

6. Cho beag ri luch – smaoinich air trì facail eile airson rudan a tha glè bheag.
a) _____ b) _____ c) _____
7. Ciamar a bha am Prionnsa a' faireachdainn a' dol tron fheur fhada?

8. Dh'fhalbh am Prionnsa Ivan suas dhan adhar air duilleag oir....

9. Sgrìobh earrann a' leantail seo:
Thòisich am Prionnsa Ivan a' putadh an fheadir às an rathad air. An uair sin nochd uilebheist... _____

An ad sheunta

Sgil: A' freagairt cheistean mun teacs; a' cur crìoch air stòraidh

Ainm: Deit:

Nam bithinn beag airson latha...

Smaoinich air rudan a b' urrainn dhut a dhèanamh agus àiteachan gam faodadh tu a dhol. Cleachd do leabhar-sgrìobhaidh.

Càit an do thachair seo? _____

Cò na caractaran ris an coinnicheadh tu? _____

Dè an seòrsa caractaran a tha annta? _____

Dè thachras agus dè tha na caractaran a' dèanamh? _____

Ciamar a tha iad a' faireachdainn? _____

Sgrìobh cunntas dhe 'An ad sheunta' do phàipear-naidheachd.

Dè chunnaic thu? Dè thuir am Prionnsa Ivan? Dè thuir a' bhanrigh?


Dè thachair ann am beatha a' Phrionnsa Ivan às dèidh sin?

An ad sheunta

Sgil: A' dèanamh geàrr-chunntas air cruth dealbh-chluich; a' sgrìobhadh aithris air tachartas do phàipear-naidheachd

Ainm: Deit:

Sgrìobh mun Phrionnsa Ivan le bhith a' cleachdadh gach litir anns an ainm aige.




Pròiseil na dhòigh riagail tron fheur

i _____
o _____
n _____
n _____
s _____
a _____

I _____
v _____
a _____
n _____

Dèan fear eile a-nis led ainm fhein no ainm caraid.



An ad sheunta

Sgil: A' sgrìobhadh bàrdachd acrostaig

Ainm: Deit:

Cuir stràc fo na gnìomhairean san earrann seo.

Sgèith eun far an robh e.

“An cuidich thu mi?” dh’èigh am Prionnsa Ivan.

Chunnaic an t-eun e agus sgèith e às dèidh na duilleig cho luath ’s a b’ urrainn dha.

“Glacaidh mi an duilleag nam ghob,” dh’èigh e.


Ghlac an t-eun an duilleag agus thug e
am Prionnsa Ivan air ais dhan ghàrradh.

Chuir e sìos e gu socair air an fheur.

Choimhead am Prionnsa Ivan suas tron fheur fhada.

“Ciamar a gheibh mi dhachaigh a-nis?” thuirt e.

Maidis na buadhairean seo ri na colbhan ceart



Prionnsa Ivan	a’ bhanrigh	a’ ghaoth	an ad ùr	an uilebheist	aodach
---------------	-------------	-----------	----------	---------------	--------

A-nis sgrìobh seantansan goirid a’ cleachdadh cuid dhe na h-ainmearan agus na buadhairean.

- _____
- _____
- _____
- _____

An ad sheunta

Sgil: Fiosrachadh mu gnìomhairean às an stòraidh; fiosrachadh mu buadhairean

Ainm: Deit:

Sgrìobh mun 'An ad sheunta' ann an dòigh a bhios furasta do chloinn òga a thuigsinn. Leugh na sgrìobh thu air beulaibh na cloinne an uair sin.

Blank writing area with horizontal lines.



An ad sheunta

Sgil: A bhith mothachail air do luchd-èisteachd

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
a' sèideadh			
às dèidh			
b' urrainn			
bhith			
chrosta			
còrdadh			
cuiridh			
dearbh			
dh'fhàs			
dheth			
dhiubh			
dhomh			
falbh			
fhada			
thalla			
gu leòr			
riut			
sgèith			
Facail cuspair			
a' bhanrigh			
adan			
a-muigh			
bhogsa			
bhogsa-ad			
facail			
mhullach			
mullach			
Prionnsa			
sheunta			
sneachda			
staidhre			
tachairt			

An ad sheunta

Saoghal Guanach
Ìre 7

An còta seunta



Susan Akass • Jan Nesbitt

Ainm: Deit:

Leugh na h-earrannan gu h-ìosal. An uair sin geàrr a-mach na h-earrannan agus cuir an stòraidh an òrdugh.

“Dè nì mi an-diugh?” thuirt am Prionnsa Ivan. Thuirt a’ bhanrigh, “Tha an t-Iarla Greannach a’ tighinn gu a theatha an-diugh. Cuir ort d’ ad agus thalla a-mach a choimhead a bheil e a’ tighinn.”


Thàinig an t-Iarla Greannach agus a’ bhanrigh a-mach dhan ghàrradh. “Chan eil fuamhaire an seo idir,” ars a’ bhanrigh. Rinn am Prionnsa Ivan gàire.

Chaidh am Prionnsa Ivan a dh’iarraidh ad. Ann am бага dearg chunnaic e ad dhearg. Chuir e air an ad agus chaidh e a-mach a choimhead airson an Iarla Ghreannaich.

Nuair a chaidh an t-Iarla Greannach a-steach a shealltainn air a’ bhanrigh, thug am Prionnsa Ivan dheth an ad. “A-nis chan e fuamhaire a tha annam,” thuirt e.

Nuair a thàinig an t-Iarla Greannach chunnaic e am fuamhaire. CRAIS! Bhuail an càr aige ann an craobh. Bha an t-Iarla Greannach uabhasach feargach. Chaidh e a-steach far an robh a’ bhanrigh.

Dè thachair às dèidh sin? Sgrìobh pìos eile, agus dèan dealbh, airson crìoch a chur air an stòraidh.


<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	
---	--

An còta seunta

Sgil: A’ cur stòraidh ùr an òrdugh

Ainm:

Deit:



Leugh gach
seantans agus tagh
an gnìomhair ceart
airson am beàrn a
lionadh.

Thuirt a' bhanrigh, "Ivan _____ ort do chòta."
agus _____ Ivan air an còta sgoinneil aige.
_____ an sneachda às an teine.



"Nach _____ thu a' chiste," thuirt a' bhanrigh.
An uair sin _____ Ivan a' chiste.
Cha do _____ e doras a' chaisteil,
oir sgèith e a-mach.



"Na _____ mi idir," thuirt am Prionnsa Ivan.
Agus cha do _____ an dràgon idir e.
"Chan _____ mi thu ma chluicheas tu còmhla rium," ars an dràgon.



Thuirt am Prionnsa Ivan, " _____ am buail thu na cupannan."
Mar sin _____ an dràgon.
" _____ a-rithist," ars am Prionnsa Ivan.



Cha do _____ an dràgon aon chupa leis a' bhàlla.
"Feuch am _____ thu na cupannan a-nis," thuirt Ivan.
An turas ud _____ an dràgon na cupannan.



"Trohad, _____ air ais!" dh'èigh a' bhanrigh ri Ivan.
Ach cha do _____ am Prionnsa Ivan idir.
"An _____ thu a-rithist?" dh'fhaighnich an dràgon.




An còta seunta

Sgìl: Gnìomhairean simplidh às an stòraidh; a' taghadh an tràth ceart

Ainm:

Deit:

Cleachd naisgear airson na seantansan a cheangal ri chèile.



1. Bha a h-uile seòrsa còta aig a' Phrionnsa Ivan. Cha bu toigh leis gin dhiubh.

2. Ruith Ivan a-mach gus am faiceadh a' bhanrigh an còta. Dh'èirich e suas dhan iarmailt. _____

3. "Trohadh air ais!" dh'èigh a' bhanrigh. Cha robh am Prionnsa Ivan airson tilleadh. _____

4. Bha Ivan uabhasach fuar. Bha sneachda trom ann. _____

5. Dh'fheuch an dràgon a-rithist. Bhuail e na cupannan. _____

6. Chuir an sneachd às an teine. Phut an dràgon Ivan a-mach dhan t-sneachd.

7. Thuirt Ivan gun robh e ag iarraidh dhachaigh. Dh'iarr an dràgon air fuireach còmhla ris. _____


8. Bha a' bhanrigh glè chrosta. Bha Ivan air falbh fad an latha.

An còta seunta

Ainm:





Deit:

Sgrìobh stòraidh.



Leig ort gur tu am Prionnsa Ivan agus thu air tilleadh air ais dhan chaisteal. Chuir thu dhìot an còta agus thuirt thu, “Cuiridh mi orm thu an ath thuras a bhios mi a’ dol air chuairt gum charaid an dràgon.” Sgrìobh dè thachair. Cuimhnich air cò, càite, dè, cuin agus carson.

Large writing area with horizontal lines for the student to write their story.



An còta seunta

Sgil: A' sgrìobhadh stòraidh mac-meanmnach

Ainm: Deit:

Cuir ann am puingeachadh ceart.

Feuch ri 10 litrichean mòra agus 6 stad-phuingean a lorg anns an dà earrann gu h-ìosal.


chaidh am prionnsa ivan dhan phreasa
a dh'iarraidh còta bha a h-uile seòrsa còta
aige ach cha bu toigh leis iad thuirt a' bhanrigh
gun robh iad a' dol a-mach air cuairt

dh'fhosgail ivan a' chiste oir bha
còta rìomhach na broinn
thuirt ivan gun robh an còta sgoinneil
ruith e a-mach às an rùm gus am faiceadh
a' bhanrigh e ach dh'èirich e suas

Cuir cromagan-còmhraidh agus stràcan anns an dà earrann gu h-ìosal. Feuch an lorg thu co-dhiù 8 stràcan.

Trobhad air ais, dh'eigh a' bhanrigh.
Ach cha robh am Prionnsa Ivan
airson tilleadh. Sgeith e thairis air a' chaisteal
agus thainig e nuas air a' bheinn a b' airde
Bha ceo a' tighinn a mach as an uaimh.

Bha eagal air Ivan gun itheadh an dragon e
ach bha an dragon airson cluich
comhla ri Ivan. Bha Ivan toilichte an uair sin.
An till thu a-rithist? dh'fhaighnich an dragon.
Tillidh, ars Ivan.



An còta seunta

Sgil: Puingeachadh le litrichean mòra, stad-phuingean, cromagan-còmhraidh agus stràcan

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
aige			
aiste			
bhuail			
chan ith			
chuir			
cluichidh			
dh'fheuch			
dhiubh			
dh'iarraidh			
dh'èirich			
faiceadh			
feuchaidh			
innte			
leotha			
ruith			
seòrsa			
shad			
thairis			
thug			
trobhad			
uair			
Facail cuspair			
a' bhaile			
dhan t-sneachd			
beanntan			
bheinn			
cupannan			
dh'èirich			
dràgon			
ionmhas			
rìomhach			
seuntachd			
sgèith			
sneachda			
teine			
toll			
uaimh			

An còta seunta

Saoghal Guanach
Ìre 7

Na brògan seunta



Cuairt gu muir


A' cruinneachadh fiosrachaidh airsoa airtaigil ann am pàipear-naidheachd

Susan Akass • Jan Nesbitt

Ainm: Deit:

Freagair na ceistean ann an seantansan nad leabhar-sgrìobhaidh.

1. An smaoinich thu carson nach robh fios aig a' Phrionnsa Ivan dè dhèanadh e an latha bha siud?
2. An robh thu fhèin a' faireachdainn mar sin uair sam bith? Dè rinn thu an uair sin?
3. Saoil carson nach robh e toilichte le na brògan a bh' aige?
4. Nuair a bha na brògan seunta air a' Phrionnsa ciamar a bha e a' faireachdainn?
5. Cuin a dh'fhairich e an t-eagal an toiseach?
6. Fhuair Ivan briseadh dùil nuair a chaidh e sìos an simleair. Ciamar?
7. Dè an t-òrdan a thug am Prionnsa Ivan dha na brògan seunta airson a thoirt a-mach à taigh an fhuamhaire?
8. Dè am facal a tha ag innse dhut mar a dh'iarr a' bhanrigh air a' ghille a bhith nuair a bha e a-muigh?



Na brògan seunta

Sgil: A' freagairt cheistean mun teacs le tuigse

Ainm: Deit:


Dèan còmhradh eadar am Prionnsa Ivan agus am fuamhaire.

Nuair a thug am Prionnsa Ivan òrdan dha na brògan seunta falbh air ais suas an similear, thoir a chreidsinn nach do dh'obraich e. Dèan builgeanan-còmhraidh a' sealltainn a' chòmhraidh a bha eadar am Prionnsa agus am fuamhaire agus mar a fhuair am Prionnsa às mu dheireadh.



Speech bubble containing three horizontal lines for writing.

Speech bubble containing three horizontal lines for writing.



Speech bubble containing three horizontal lines for writing.

Speech bubble containing three horizontal lines for writing.




Na brògan seunta

Sgil: A' cruthachadh bhuilgeanan-còmhraidh


Ainm: Deit:

Seall air ais anns an stòraidh agus chì thu far a bheil na roimhearan seo air an cleachdadh.



Cuir stràc fo na roimhearan anns na seantansan gu h-ìosal.

1. Bha brògan seunta anns a' bhogsa.
2. Siud leum e a-mach air an uinneig.
3. Thog na brògan e thairis air balla a' chaisteil.
4. Leum e a-steach dhan pholl.
5. Leum am Prionnsa Ivan gu mullach an tùir.
6. "Nach leum sinn chun an t-simileir ud."
7. Sa mhionaid a leum Ivan chun an t-simileir, thàinig sgòth mhòr de cheò dubh a-mach às an t-similear.
8. Thuit Ivan dhan phoit a bha làn de dh'uisge fuar.
9. Chuir e dheth a bhrògan seunta.




Sgrìobh seantansan eile a' cleachdadh cuid de na roimhearan sin.

1. _____
2. _____
3. _____
4. _____

Na brògan seunta

Ainm: Deit:

Ceangail na seantansan ri chèile le naisgear.



Eisimpleir: Leum am Prionnsa Ivan thairis air balla a' chaisteil.

Bha e ag iarraidh dhachaigh.

Leum am Prionnsa Ivan thairis air balla a' chaisteil oir bha e ag iarraidh dhachaigh.

1. Cha robh fios aig a' Phrionnsa dè dhèanadh e. Bha mòran dhèideagan aige.

2. Chaidh e far an robh a' bhanrigh. Dh'fhaighnich e an cluicheadh i còmhla ris.

3. Thuirt i, "Cuir ort do bhrògan. Thalla a-mach." _____

4. Bha am Prionnsa Ivan aonranach. Cha robh duine aige a chluicheadh còmhla ris. _____

5. Cha b' urrainn dha cluich agus brògan mar siud air. Bha iad ro neònach. _____

6. Thug e an aire gun robh sgrìobhadh air a' bhogsa. Dh'fhosgail e e. _____

7. 'S e brògan seunta a bha annta. Leumadh iad a dh'àite sam bith. _____

8. Thog na brògan am Prionnsa Ivan thairis air balla a' chaisteil. Bha an t-eagal air a' Phrionnsa. _____

A-nis sgrìobh fhèin trì seantansan ùra nad leabhar-sgrìobhaidh agus ceangail iad le naisgearan.

Na brògan seunta

Sgil: A' cleachdadh naisgearan ann an sgrìobhadh

Ainm:

Deit:

Cuir stràc dhearg fo ghnìomhairean agus stràc ghorm fo roimhearan.

An uair sin thug e an aire dha bogsa dubh.

Bha sgrìobhadh air a' bhogsa, "Na fosgail".

An sin sa bhogsa bha brògan annasach.

"Seo a-nis brògan sgoinneil!" thuirte am Prionnsa Ivan agus chuir e air iad. Thòisich e air leum air feadh an rùm. 'S e brògan seunta a bha seo.

Siud leum e a-mach air an uinneig agus suas gu mullach a' chaisteil.

Cuir stràc ghorm fo na roimhearan.

Cha stadadh na brògan seunta.

Leum am Prionnsa Ivan thairis air ballachan.

Leum e thairis air taighean.

Agus leum e a-steach dhan pholl.

Càit an tèid sinn a-nis?" thuirte e ri na brògan. "Nach tèid sinn suas gu mullach an tùir àird ud."



An do lorg thu:

5 gnìomhairean

6 roimhearan



An do lorg thu:


5 gnìomhairean

6 roimhearan

Cuir am puingeachadh ceart an seo.

Cuimhnich litrichean mòra, cromagan-còmhradh, cromagan, clisg-phuing agus stad-phuingean.

chaidh am prionnsa ivan dhan phreas a dhiarraidh a bhrògan bha mòran bhrògan sa phreas, brògan dearga brògan gorma brògan uaine agus brògan buidhe choimhead ivan ri na brògan chan urrainn dhomh cluich agus brògan mar seo orm thuirte e



Na brògan seunta

Sgil: Fiosrachadh mu ainmearan agus buadhairean; fiosrachadh mu phuingeachadh: litrichean mòra, cromagan-còmhradh, cromagan, clisg-phuing agus stad-phuingean

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
's fheàrr			
bhroinn			
chluich			
cuidich			
dh'fhosgail			
dh'iarr			
dheth			
feuch			
fhaiceadh			
thalla			
fodha			
fosgail			
leum			
sgrìobhadh			
shuidh			
sibh			
stadaibh			
teicheamaid			
thàinig			
thairis			
thu fhèin			
toilichte			
Facail cuspair			
an t-simileir			
annasach			
ballachan			
banrigh			
bhrògan			
bogsa			
chaisteil			
dhèideagan			
dhaoine			
fuamhaire			
mullach			
phoit			
phreas			
seunta			
uinneig			

Na brògan seunta

Saoghal Guanach
Ìre 7

Na slapagan seunta



Susan Akass • Jan Nesbitt

Ainm: Deit:

Leugh an stòraidh agus freagair na ceistean ann an seantansan nad leabhar-sgrìobhaidh.

1. Ciamar a bha am Prionnsa Ivan a' faireachdainn an latha ud? _____

2. Saoil carson nach robh e airson cluich le na dèideagan a bh' aige? _____

3. Cò thuirt, "Tha dannsa gu bhith againn sa chaisteal. Cuir ort do shlapagan dannsa?" _____

4. Thuirt am Prionnsa Ivan nach bu toigh leis dà rud. Dè na rudan a bha sin?

5. Dè am buadhair a tha ag innse mu choltas nan slapagan? _____

6. Dè an rud a bha àraid mu na slapagan? _____

7. Inns ciamar a bha na caractaran eile a' faighinn comas dannsa? _____

8. Dè na facail a tha ag innse nach robh iadsan airson cumail orra a' dannsa? _____

9. Inns ciamar a stad an dannsa mu dheireadh thall?



Na slapagan seunta

Sgil: A' mìneachadh an stòraidh

Ainm: Deit:

Tagh buadhairean freagarrach airson nan caractaran bhon liosta gu h-ìosal. Sgrìobh iad anns na colbhan ceart. Cuimhnich gum bi na caractaran uaireannan ag atharrachadh tron stòraidh.

Smaoinich air buadhair eile airson gach caractar.



am Prionnsa Ivan

a' bhanrigh

an t-Iarla

_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____
_____	_____	_____


A-nis tagh aon de na caractaran sin agus sgrìobh trì seantansan mun deidhinn. Faodaidh tu feartan eile a chur riutha a bhiodh freagarrach nan suidheachadh.

Na slapagan seunta

Sgil: A' measadh caractaran à stòraidh

Ainm: Deit:

Nam biodh _____ seunta agam airson latha.



Aon mhadainn dhùisg mi tràth agus leum mi às an leabaidh.
“Thèid mi a chluich còmhla ri mo charaid an-diugh,” thuirt mi rium fhèin.
Dìreach an uair sin thàinig mo mhàthair a-steach dhan rùm agam.
“Greas ort agus thig gud bhracaist. Tha againne ri dhol a shealltainn
air Tina ar nàbaidh, a chaidh dhan ospadal a-raoir,” thuirt i.
“Fan thusa còmhla ri do phiuthar gus an till sinne.
Sgioblaich am preas far a bheil na dèideagan agad,” thuirt i.

Cha robh mise idir air mo dhòigh oir bha mi airson a
dhol a-null gu taigh mo charaid.
Thuirt athair mo charaid gun robh e a’ dol gar toirt air
cuairt inntinneach dhan bhaile.

Mar sin bha sinne leinn fhèin ach gun robh Granaidh a-staigh còmhla rinn.
Às dèidh mo bhracaist thill mise air ais dhan rùm.

Sgrìobh nad leabhar-sgrìobhaidh mu na rudan inntinneach agus annasach a thachair dhut an latha ud.

Smaoinich air plana:

Ciamar a bha thu a’ faireachdainn?

Dè rinn thu an uair sin?

Dè rinn thu an toiseach?

Dè bha thu a’ smaoineachadh?

Cò ris a bha e coltach?

Càit an deach thu?


Na slapagan seunta

Sgil: A’ planadh agus a’ sgrìobhadh stòraidh mac-meanmnach

Ainm: Deit:

Coimeas bhuadhairean

1. Bha iad a' dannsa gu **luath** agus an uair sin dhanns iad **na bu luaithe**.
2. Tha an rùm seo **blàth** ach tha an rùm eile nas _____.
3. Bha i **fuair** an-dè ach tha i nas _____ an-diugh.
4. Tha a' bhriosgaid seo **milis** ach tha a' bhriosgaid agadsa nas _____.
5. Tha an obair seo **doirbh (duilich)** ach tha an obair agadsa nas _____.
6. Tha an leabhar seo **daor** ach bha an leabhar eile na bu _____.
7. Tha boiteag **slaodach** ach tha seilcheag nas _____.
8. Tha Màiri **math** air leughadh ach tha Seasaidh nas _____ na i.
9. Tha an t-iasg seo **beag** ach tha an t-iasg san tanc eile nas _____.
10. Tha a' bhanrigh **beartach** ach tha an rìgh nas _____.
11. Tha each **làidir** ach tha ailbhean nas _____.
12. Nigh mi mo làmhan agus tha iad **glan** a-nis, mòran nas _____ na bha iad.
13. Tha sèithear a' bhalaich bhig **ìosal** agus tha sèithear a' bhèibidh nas _____.



Na slapagan seunta

Sgil: A' cruinneachadh fiosrachadh airson artaigil ann am pàipear-naidheachd

Ainm: Deit:

Cuir ann na facail a tha dhìth.

Cha robh fios aig a' Phrionnsa dè a _____ e an latha ud. Thàinig a' bhanrigh agus thuirte i gun robh dannsa _____ aca sa chaisteal.

Dh'iarr i air na slapagan dannsa a _____ air agus thuirte i ris gum _____ e a bhith còir. Bha an t-Iarla Greannach a' tighinn chun an _____.

Cha bu toigh le Ivan an t-Iarla Greannach agus cha bu _____ leis dannsa.

Choimhead e airson nan slapagan dannsa anns a' _____ agus lorg e бага beag gorm. Bha na facail _____ air a' bhaga. Am broinn a' bhaga bha slapagan _____. Chòrd iad ris a' Phrionnsa Ivan agus chuir e air iad. Cho luath 's a chuir e air iad _____ a chasan ri dannsa!

Dhanns e _____ às an rùm agus air an staidhre. Bha searbhant an sin _____ na staidhre. Shìn ise a làmh dha agus thòisich ise ri dannsa _____! Chaidh car dhen bhucaid agus _____ an t-uisge sìos an staidhre.

Mu dheireadh dhanns an t-searbhant, an gàirnealair, an _____ agus an t-Iarla Greannach agus cha b' _____ dhaibh stad.



Na slapagan seunta

Sgil: A' leughadh le tuigse; a' lionadh bheàrnan ann an seantansan às an teacs

Ainm: Deit:

A' measadh fhacal

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
air ais			
airson			
a-rithist			
bheir			
chuir			
cuideachd			
dèan			
dh'èigh			
dèan			
dh'èigh			
dhaibh			
dhòirt			
feum			
feumaidh			
fhearg			
glanadh			
luithe			
oirbh			
ormsa			
tighinn			
Facail cuspair			
adhar			
bhaga			
bhucaid			
chidsin			
còcaire			
còir			
dannsa			
eireachdail			
gàirnealair			
Greannach			
Iarla			
làmh			
searbhant			
slapagan			
staidhre			
talla			
thuil			

Na slapagan seunta